

## Duilleag Fiosrachaidh 3

### DRÒNAICHEAN

#### Dè a th' ann an drònaichean?

Nuair a smaoinicheadh air speuran an ama ri teachd, 's e drònaichean an teicneòlas as mothach a thig gu aire, agus uaireannan theirear Siostaman itealain fo stiùireadh cùin (RPAS) no Carbadan-adhair gun chriutha (UAVan) riutha. 'S e cnag na cùise gur e meanbh-itealan a th' ann an dròn as urrainnear stiùireadh bhon talamh le uidheam-smachd cùin. Bho shean, cha b' e ach luchd-airm a fhuair trèanadh sònraichte agus dealasaich nam plèanaichean-modail a bhiodh a' cleachdadhbh drònaichean. An-diugh, ri linn leasachaidhean leantainneach ann an teicneòlas agus cosgaisean nas lugh, tha

n dhòighean le iomadh roinn den t-sluagh.

Mar eisimpleir, tha drònaichean gan cleachdadhbh an-dràsta le luchd na side airson ro-fhios nas fheàrr a bhith aca air an aimsir<sup>1</sup>, le tuathanaich a tha airson dòighean àiteachais fheabhasachadh, agus le sgiobannan mòr-thubaistean a tha ag ùisneachadh drònaichean airson taic is cobhair riatanach a thabhan aig amannan èigin<sup>2</sup>.

#### Adhbhar

Tha rùn aig a' Phlana Poileis Ro-innleachdail air obair-phoileis ullachadh airson Alba a dhèanamh sàbhailte, dionta is seasmhach. Le seo, feumar seirbheisean a dhealbhadh 's a ghlèidheadh gus an tig iad suas ri iarrasan a bhios a' sìor dhol am meud 's ag atharrachadh ann an àrainneachd caochlaideach. Gus tighinn suas ris na h-iarrasan seo an-dràsta agus san àm ri teachd, feumaidh seirbheis poileas na h-Alba dèanamh suas agus gabhail ri dòighean obrachaidh, poileasaidhean is teicneòlasan ùra a bheir comas dhaibh sàbhailteachd is deagh-chor ar coimhearsnachdan a dhòn (mar a rinneadh iomradh ann am Prionnsabhalan Obair-phoileis - Earrann 32 de dh'Achd Ath-Leasachadh a' Phoileis is Luchd-smàlaidh (Alba) 2012).

Chaidh an sreacht seo de dhuitteagan fiosrachaidh, a tha air an amas don phoball agus furasta a chleachdadhbh, a dheasachadh gus sealladh a thoirt air na buannachdan aig dòighean obair-phoileis ùra agus aig leasachaidhean a tha ri thiginn, na poileasaidhean a bhios gan riaghlaidh, agus dè tha seo a' ciallachadh a thaobh chòraichean eiticeil, priobhaideachd is daonna.

<sup>1</sup><https://uas.noaa.gov/News/Articles/ArtMID/6699/ArticleID/824/Using-Drones-to-Help-Improve-Weather-Forecasts>

<sup>2</sup> <https://www.precisionhawk.com/blog/how-drones-aid-in-disaster-response>



Fear a' stiùireadh dròn coimearsalta

Thatar a' fàisneachd gum faodar drònaichean a ghnàthachadh mar mhodh-lìbhrigidh airson bathair luchd-ceannaich sna beagan bhliadhnaichean ri thighinn<sup>3</sup>, agus a bhith nam pàirt àbhaisteach de thaisbeanadh-solais aig consairtean no dealbh-chluichean mòra.

### **Carson a chleachdadh sinn drònaichean ann an obair-phoileis?**

Ged a tha teicneòlas dròn a bhith ann bho mheadhan na 20mh linn, cha do thòisichear air a bhith gan co-cheangal ri obair sàbhailteachd a' phobaill agus mar thaic do ghnìomhachd poileis àraighe air feadh an t-saoghal gus na deich bliadhna mu dheireadh.

Ann an Canada, tha am Poileas-eachraidd Rìoghail a' cleachdadh drònaichean mar chobhair-adhair do dh'obair lorg is teasairginn ann an ceàrnan is cruth-tìrean iomallach<sup>4</sup>. Tha uidheaman le camara air an cleachdadh cuideachd le còrr is leth-

<sup>3</sup> <https://uk.finance.yahoo.com/news/news/worldwide-drone-delivery-industry-2030-101300970.html>

<sup>4</sup> [www.priv.gc.ca/en/opc-actions-and-decisions/research/explore-privacy-research/2013/drones\\_201303](http://www.priv.gc.ca/en/opc-actions-and-decisions/research/explore-privacy-research/2013/drones_201303)

chuid de na 26 feachdan-poileis cantonach san Eilbheis<sup>5</sup>, mar as trice airson dealbhan de thubaistean trafaig a ghlacadh bhon adhar.

Air feadh Breatainn, tha mòran roinnean-poileis ag ùisneachadh drònaichean air grunn adhbharan. 'S fhiach toirt fa-near gun do chleachd Poileas Siorrachd Lincoln drònaichean le comas sganaidh tearmail gus tuathanachas mòr lusan-cainb a lorg; agus chuir Poileas Norfolk drònaichean an gnìomh airson sluaghan a riaghlaigh agus ann an cùisean rian phoblaich.

Leis mar a chaidh cleachdadh dhònaichean am meud san RA agus dùthchannan eile, tha sgrùdadh nas gèire a-nis ga dhèanamh a thaobh dè a' bhuaidh a bheir iad air beatha shiobhaltaich. A-nise, gabhaidh teicneòlas meudaichte leithid modaladh le sganadh-3D, faisneis thearmail agus anailis beò-meatrach fior-ama a chleachdadh le uidheaman dròn. Ri linn seo, bu chòir dhuinn dearbhadh gu bheil marasgladh agus modhan iomairt soilleir, diongalta ga chur an-sàs nuair a smaoinicheadh air an t-seòrsa obair don urrainnear drònaichean a chleachdadh.

### **Cur-an-gnìomh is cleachdadh an teicneòlais le Poileas Alba**

Tha Poileas Alba air drònaichean a chleachdadh mar thaic do an dleastanas airson am poball a dhòn

<sup>5</sup> Klauser, F., (2021). Obair-phoileis leis an dròn: Mu choinneamh tèarainteachd ann an geo-politics adharail. Còmhradh Tèarainteachd, p.0967010621992661.

bhon Chèitean 2019. 'S e DJI M210 am prìomh dhròn obrachail aig Poileas Alba – cuad-coptair le buanas 20 mionaid a thìde – a tha air a chleachdad le grunn fheachdan poileis agus luchd-cleachdaidh coimearsalta air feadh Bhreatainn agus an t-saoghal gu lèir.




Dròn DJI M210

Tha na drònaichean M210 aig Poileas Alba air an uidheamachadh le siostam-camara aig a bheil dà mhothaichear agus dealbhadh tearmail. Togar dealbhan leis a' chamara air muin an dròn agus boillsgear iad a dh'ionnsaigh aonad air an talamh a tha fo smachd neach-iomairt camara.

Tha sealbh aig Poileas Alba air drònaichean DJI Phantom cuideachd. Chan eil comas dealbhaidh thearmail aig na drònaichean nas lugha seo agus cleachdar iad mar as trice airson trèanadh oifigearan. Tha 10 oifigearan poileis air an trèanadh an-dràsta gus drònaichean iomairt; ceathrar an Obar Dheathain; dithis an Inbhir Nis agus ceathrar an Glaschu.

'S urrainn do dhrònaichean Poileas Alba a chuideachadh le seòrsaichean tachartais eadar-dhealaichte bho lorg dhaoine a tha a dhìth gu bhith a' sgrùedad le chuirmean ro-eagraichte agus a' togail dealbhan bhon adhar de làraichean no tachartasan eucoir. Eadar 1 Cèitean 2019 agus 31 Cèitean 2021, chaith drònaichean Poileas Alba a chleachdad 215 tròthan. Mar as trice, bhite gan cur an gnìomh airson dealbhan a thogail no cuideachadh le lorg dhaoine a bha a dhìth (seall am bogsa fiosrachaидh gu h-ìosal).



Tha grunn bhuanachdan cudromach an lùib cleachdad le Poileas Alba. Tha aon heileacoptair aig Poileas Alba nach urrainnear cur an gnìomh air uairean le cor na h-aimsir, cruth-tìre doirbh no ma tha e air falbh a' cuideachadh le tachartas ann an ceàrn eile den dùthaich. 'S urrainnear drònaichean a chur amach an àite heileacoptair gu soirbh, rud a tha a' neartachadh comas Poileas Alba air taic adhair. 'S urrainn do na drònaichean DJI M210 aig Poileas Alba gnìomhachadh le beag-fhaicsinneachd agus ann am faisgead cruth-tìre dhoirbh (m.e. faisg air aghaidh creige no duilleach dùmhail). Ma gheibhear drònaichean

is oifigearan ullaichte an Obar Dheathain, Inbhir Nis is Glaschu, bheir seo comas don phoileas ionadail grad-fhreagairt ri tachartasan a dh'fheumas taic adhair ann an cabhaig, ged a bhiodh heileacoptair poileis ri làimh no nach bitheadh.

Tha heileacoptair poileis a' caitheamh meud mòr connaidh agus tha e cosgail ri iomairt. Ged a tha e ro-bhuanachdail do Phoileas Alba, 's urrainnear drònaichean a chleachdad a' àite heileacoptair poileis airson a bhith a' caomhnadh gu mòr air chosgaisean agus cur ri lùghdachadh ann an sgaoilidhean carboin.

## Dè na barantasan sàbhailteachd a tha suidhichte?

Tha gach iomairt dròin le Poileas Alba air a riaghlaidh le Ùghdarris nan Itealan Siobhalta (CAA) agus a' gèilleadh gu h-iomlan ri reachdas na h-itealanachd. Tha CAA air Cead Stannardach agus Ùghdarrachas Obrachail a thoirt do Phoileas Alba gus drònaichean iomairt mar thaic do dh'obair a' phoileis ann an àrainnean bailteach agus dùthchail.

### Comas-adhair Poileas Alba

(bhon Chèitean 2021)

Drònaichean 3x DJI M210

Drònaichean 4x DJI Phantom

1x Heileacoptair



Tha obair drònaichean Poileas Alba an-dràsta stèidhichte air foillseachan Oifis na Dùthcha 2013 'Surveillance Cameras Code of Practice'. Tha an sgriobhainn seo air iomradh gu farsaing le Feachdan Poileis Shasainn 's na Cuimrigh oir tha i a' toirt bun-stiùireadh air prionnsabalan a tha mar frèam-obrach do luchd-iomairt dhrònaichean, air chor 's gu bheil an cleachdad shiostaman cothromach is soilleir. Tha Poileas Alba a-nis a' dealbhadh a Riaghailt-chleachdaidh fhèin a bhios ag amas gu sònraichte air iomairt dhrònaichean le Poileas Alba. Bidh an Riaghailt-chleachdaidh seo ri fhaighinn gu poblach.

## Barantas do shìobhaltaich

Mus tèid a chur an gnìomh, feumaidh gach teicneòlas, gu seachd àraidh teicneòlasan ann an obair-phoileis, beachdachadh geur. Mur cumar smachd orra gu càramach, thathar ag aithneachadh gum faodadh cleachdad dhrònaichean ann an obair-phoileis buaidh a thoirt air càraichean daonna leithid Saorsa Tionail is Co-cheangail (Alt 11), Saorsa Labhairt (Alt 10), Saorsa Creideimh (Alt 9), agus a' Chòir Prìobhaideachd (Alt 8). Gidheadh, le frèam-riaghlaidh làidir agus dòigh-obrach stèidhichte air càraichean daonna gus buaidh nan drònaichean a mheasadh ann an diofar sheaghan sòisealta, bidh Poileas Alba air thoisearch a thaobh cuir-an-gnìomh eiticeil den teicneòlas.

Gabhaidh Poileas Alba ceumannan gus am poball a chur air an aire

nuair a bhithear ag iomairt dhrònaichean. Mairidh oifigearan a bhios ag iomairt an dròin faisg air gus an t-uidheam a chumail nam fianais, caithidh iad èideadh fior-fhaicsinneach agus bidh carbad poileis comharrachte air an àrainn. Mas urrainnear, foillsichear brathan air na meadhanan sòisealta (@polscotair) agus nithear conaltradh le daoine san sgìre mus tèid an dròn a chur air sgèith.

Coltach ri gach teicneòlas ur, tha buaidh ann a thaobh chòraichean daonna, co-ionnanachdan agus beusalachd. Feumaidh iad seo beachdachadh cùramach agus, ma dh'fheumar, ceuman airson daoine agus buidhnean a dhòn.

Tha rùn aig Poileas Alba airson ar n-obair a dhèanamh le aonta agus cha chuir sinn dhrònaichean an gnìomh ach air adhbhar dligheach, far a bheilear ga mheas deatamach is iomchaidh sin a dhèanamh. Chan eilear a' cur dhrònaichean an gnìomh airson gnìomhan-faire os-ìosal a dhèanamh. Rinneadh Measadh Buaidh air Dìon Fiosrachaiddh (DPIA) agus Measadh Buaidh air Co-ionannachdan is Còraichean daonna (EqHRIA) mus deach dhrònaichean a chur an gnìomh sa Chèitean 2019. Tha iad seo air an ath-sgrùdadh is ùrachadh gu bliadhnaile mar shamhla de na h-atharraichean ann an reachdas, poileasaidh is teicneòlas.

Tha rùn aig Poileas Alba agus Ùghdarris Poileas na h-Alba airson ar n-obair a dhèanamh le aonta agus air leas a' phobaill. Tha an dòigh-obrach làithreach air cleachdad dhrònaichean co-chòrdail ris an rùn seo agus bidh sinn daonna a' luachadh 's a' measadh gus ar cleachdad dhrònaichean a leasachadh.

Cuideachd, tha Poileas Alba air teicneòlas downlink a cheannach bho chionn ghoidir airson nan dhrònaichean. Bheir seo comas do neach-iomairt an dròin pìos craolaidh beò a sheòladh bhon chamara gu Rùm Smachd an Raoin (ACR), a' solar fiosrachadh fior-ama agus fios air an t-suidheachadh do Chomanndair Poileis.

Bidh teicneòlas a' sìor atharrachadh agus tha e riatanach gun cum obair-phoileis ceann an amail ris. Ma thig atharrachadh sam bith air an dòigh sa bheil am poileas a' cleachdad dhrònaichean an-dràsta, nì Ùghdarris Poileas na h-Alba measadh cùramach agus thèid beachdan eòlaichean is priomh chom-pàirtichean iarraidh.

## Tuilleadh leughaidh

Dh'fhoillsicheadh [aithisg measaidh Poileas Alba](#) air cleachdad dhrònaichean air 9 Màrt 2021

## Sùil air adhart

## **A' cumail cluas ri claisneachd**

Gus cumail suas ri ar n-obair, cùm  
sùil air làrach-lìn Ùghdarras Poileas  
na h-Alba far an urrainn dhut  
pàipearan fhaighinn agus coimhead  
air deasbadan comataidh air an  
sruthadh beò, agus lean rinn air

Twitter:

@ScotPolAuth @policescotland